


Portraid Dhonnchaidh Bhàin?

DONNCHADH SNEDDON

Abstract

A copy of the fourth edition (1834) of the poems of Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (1724 – 1812) held in the Centre for Research Collections at the University of Edinburgh has a pencil-drawn portrait of a man on the inside front cover. Although Donnchadh died in 1812, over twenty years before this edition was printed, there is some circumstantial evidence to indicate that this may be a portrait of the poet himself. If so, it would be the only extant portrait of the bard.



Dealbh 1: An còmhach a-staigh, toiseach an leabhair.


Ann an 1972 chuir cuideigin a bha a' fuireach ann an Siorrachd Derby ann an Sasainn màileid do Sgoil Eòlas na h-Alba. Bha a' mhàileid làn de phàipearan agus leabhraichean, a' chuid as motha dhiubh a bhuinneadh dhan bhàrd spioradail, Pàraig Grannd nan Òran (1783 – 1867) agus dha theaghlach. Chan eil sgeul air a' mhàileid fhèin an-diugh, ach tha na pàipearan agus leabhraichean anis ann an trì bocsaichean aig an Centre for Research Collections, Oilthigh Dhùn Èideann. Chan eil clàr-innse ceart ann airson nam bocsaichean fhathast, le mineachadh air gach rud fa-leth a tha annta,

PORTRAID DHONNCHÀIDH BHÀIN?

ach tha ainm air gach bocsa. Ann an aon dhiubh, ris an canar “Grant, Peter/ Printed Works and other books”, tha leth-bhreac dhen leabhair *Gaelic Poems and Songs, by Duncan Ban MacIntyre* a chaidh fhoillseachadh ann an 1834. B’ e sin an ceathramh deasachadh de na h-òrain aig Donnchadh Bàn (1724 – 1812), agus a’ chiad deasachadh às dèidh a bhàis. Tha an leabhar a-nis ann an stàid gu math robach: tha an còmhach air tighinn cha mhòr uile gu lèir far ceangladh nan duilleagan, agus tha tdd. 55 – 76 a-nis a dhìth, gun sgeul idir orra sa bhocsa.

Air a’ chòmhdach a-staigh aig toiseach an leabhair, tha portraid fir, air a dhèanamh le peansail, mar a chithear ann an *Dealbh 1*. Tha dealbh eile, gu math lùireach (air a dhèanamh le pàiste òg?), air an duilleig air an làimh dheas.

Anns a’ chòmhdach a-staigh aig ceann an leabhair, tha dà phortraid eile (*Dealbh 2*).



Dealbh 2: An còmhach a-staigh, ceann an leabhair

Chithear gu bheil coltas rud beag eadar-dhealaichte air na trì dealbhan, ach o nach eil an dà dhiubh aig ceann an leabhair idir cho mionaideach no crìochnaichte 's a tha an dealbh aig toiseach an leabhair, ar leam gur e dreachdan a th' anna, mus deach an dealbh “ceart” a dhèanamh a chithear ann an toiseach an leabhair. Tha an “triùir” uile ri aghaidh taobh clì na duilleige, tha an aon seòrsa coileir àird orra uile, agus chan eil iad cho eadar-dhealaichte on a chèile 's gu bheil, mar eisimpleir, feusag no speuclairean no fiù 's falt eadar-dhealaichte air gin dhiubh. Theirinn-sa gu bheil e reusanta cinnteach gur e trì dealbhan (no trì oidhirpean, no dà oidhirp agus dealbh crìochnaichte) dhen aon duine a tha againn an seo.

Ach cò an duine? Tha coltas gu math aosda air, beagan lùbte, le falt tana air agus cleòca no breacan-guaille uime. A bheil e comasach gur e portraid a' bhàird fhèin a tha seo? Chan urrainn dhuinn sin a dhearbhadh gu dìreach, oir cho fad 's as aithne dhomh, chan eil dealbh idir againn a nochdas dhuinn coltas Dhonnchaidh Bhàin (m.e. aig John Kay, ged a rinn e dealbhan eile dhe fir ann an Geàrd Dhùn Èidinn nuair a bha Donnchadh Bàn an sàs ann). Beachdaicheamaid air an fhianais.

An toiseach, chithear gu bheil *D M^cIntyre* sgrìobhte fon dealbh. Mur an robh dad eile sgrìobhte, bhiodh sin gu math dearbhte, ach tha againn ri bhith faiceallach, oir tha am facal *le* ann cuideachd, còig (!) tursan. Mar sin tha e comasach gun robh an neach a sgrìobh e a' ciallachadh "'s e òrain le Donnchadh Mac an t-Saoir a th' anns an leabhar seo." Fiù 's mas fìor sin, ged-tà, cha bhiodh e idir annasach dealbh a' bhàird a bhith ann sa cho-theacsa sin. "'S e bàrdachd Dhonnchaidh Bhàin a tha seo, agus seo agad am bàrd fhèin," mar gum biodh.

Tha coltas gu math aosda air an fhear san dealbh, agus tha fios againn gun robh Donnchadh 88 bliadhna a dh'aois nuair a fhuair e bàs ann an 1812. A bharrachd air fhar-ainm, chan eil mòran fiosrachaidh againn air coltas Dhonnchaidh. Tha e ag innse dhuinn mar a "bhuail an aois" e ann an "Cead Deireannach nam Beann", a rinn e ann an 1802:

*Nis on bhuail an aois mi
Fhuar mi gaoid a mhaireas domh,
Rinn milleadh air mo dheudach,
'S mo léirsinn air a dalladh orm;
Chan urrainn mi bhith treubhach
Ged a chuirinn feum air,
'S ged bhiodh an ruaig am dhéidh-sa
Cha dèan mi ceum ro-chabhagach.*

*Ged tha mo cheann air liathadh
'S mo chiabhagan air tanachadh...*¹

Chan e tuairisgeul ro mhionaideach a tha seo, ach mas ann mar seo a bha Donnchadh na sheann aois, bhiodh sin air a riochdachadh san dealbh. A bharrachd air a seo, chan eil mòran ann am bàrdachd Dhonnchaidh a dh'innseas dhuinn ma choltas. Ma dh'fhaoidte gum b' urrainn dhuinn a ràdh gu bheil an loidhne, *Thug i dhìomh am beul 's an t-sròn* anns an òran "Aoir Anna" a' nochdadh gun robh stròn fhada air, mar chithear air an duine san dealbh, ach cha bhithinn airson cus a thogail air bunait dhen leithid sin.² Bhiodh aodaich agus stoidhle-fuilt an fhir san dealbh uile gu lèir co-chòrdail ri nòsan tràth san 19mh linn, agus tha e coltach gun robh ciabhagan air a ghruaidh, ged nach eil sin uile gu lèir soilleir – a-rithist, tha sin na rud a bhiodh uile gu lèir cumanta agus fasanta aig toiseach an 19mh linn.³

Tha tuairisgeul dhen bhàrd na sheann aois againn anns an leabhar *Sar-Obair nam Bard Gaelach*: 'The Rev. Mr McCallum, of Arisaig, "saw him travelling slowly with his wife. He was dressed in the Highland garb, with a checked bonnet, over which a large bushy tail of a wild animal hang [sic]; a badger's skin fastened by a belt in front, a hanger [i.e. claidheamh beag] by his side, and a soldier's

¹ "Cead Deireannach nam Beann", ann an Aonghas MacLeòid (deas.), *Òrain Dhonnchaidh Bhàin* (Dùn Èideann: Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, 1978), td. 388, ll. 5544 – 5553.

² "Aoir Anna", *Òran Dhonnchaidh Bhàin*, td. 324, l. 4693.


³ Tha mi taingeil do Joan NicDhòmhnaill airson fiosrachaidh mun fhacal *ciabhagan* san t-seadh "sideburns".

wallet was strapped to his shoulders.’ Chan fhaic sinn claidheamh no bonaid aig an duine anns an dealbh, ach ’s e “the Highland garb” a tha air, co-dhiù.⁴

Mar sin, ma tha dealbh againn a’ sealltainn fear aosda, le aodaich Ghàidhealach air, coltas fear aig toiseach an 19mh linn air, an t-ainm *D M^cIntyre* sgriobhte fon dealbh agus an dealbh fhèin a’ nochdadh aig toiseach leabhar bàrdachd Dhonnchaidh Bhàin, ann an àite far a bheil e cumanta portraid ughdair a bhith, nach b’ urrainn dhuinn dìreach a ràdh gur e portraid Dhonnchaidh Bhàin a th’ ann? Cò eile a bhiodh ann?

Feumar aideachadh, ged-tà, gu bheil cnap-starra nach beag ann: chaochail Donnchadh Bàn ann an 1812 agus chaidh an leabhar seo fhoillseachadh ann an 1834. Mar sin, tha beàrn de 22 bliadhna aig a’ char as lugha eadar a bhàs agus an dealbh seo. Faodaidh e bhith nas fhaide na sin, oir chan eil fhios againn cuin a chaidh an dealbh a dhèanamh, agus chan eil adhbhar math againn airson smaoineachadh

gun deach a dhèanamh ann an 1834 seach bliadhna air choireigin eile às a dèidh. Mar sin, mas e dealbh Dhonnchaidh Bhàin a th’ ann, chaidh a dhèanamh (a) a rèir cuimhne an neach a rinn e, ma chunnaic iad Donnchadh nuair a bha e fhathast beò; air neo (b) ag obair bho dhealbhan eile, nach eil aithnichte dhuinn a-nis; air neo (c) bho mhac-meanmna an neach-ealain, gun fhios aca cò ris a bha Donnchadh coltach anns an fheòil ann an da-rìreadh, ach a bha a’ feuchainn ri *an seòrsa duine a bhiodh ann* a chuir an cèill, mar gum biodh. Chan urrainn dhuinn na roghainnean seo a dhearbhadh leis an fhianais a tha againn aig an ìre-sa. On a tha an dealbh a’ nochdadh dhuinn fear na sheann aois, ma dh’fhaoidte gu bheil roghainn (a) nas coltaiche, oir nam b’ aithne do dhuine Donnchadh agus nan robh iad fhèin fhathast beò co-dhiù fichead bliadhna às dèidh a bhàis, bhiodh e na bu choltaiche gum b’ aithne dhaibh e nuair a bha e suas ann am bliadhnaichean, seach na dhuine òg.



Dealbh 3: td. 99.

⁴ John MacKenzie, *Sar-Obar nam Bard Gaelach: or, The Beauties of Gaelic Poetry, and Lives of the Highland Bards* (Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart, 1877), td. 217.

Donnchadh Bàn ann no às, cò rinn an dealbh fhèin? Chithear ann an *Dealbh 1* gu bheil coltas gu math eadar-dhealaichte air an làmh-sgrìobhadh air an duilleig air an làimh chli agus na th' againn air an làimh dheas, a tha fada nas grinne. A dh'aindeoin sin, shoidhnich an Camshronach ainm a-rithist air td. 99 le peansail (*Dealbh 3*), agus chithear gu bheil sin nas coltaiche ris an làmh-sgrìobhadh fon dealbh, agus mar sin tha mi gu ìre mhòr cinnteach gur e am fear seo Raibeart Camshron a rinn an dealbh. Tha e comasach gur e fèin-phortraid a' Chamronaich a th' ann, ach bhiodh e caran annasach a leithid a dhèanamh ann an leabhar mar seo.

'S e ainm gu math cumanta a tha seo. A rèir cunntas-sluaigh 1841, bha 30 duine ann an Albainn air an robh "Robert Cameron" mar ainm agus a bha os cionn 39 bliadhna a dh'aois (.i. a' cunntadh na feadhna a-mhàin a bha 10 bliadhna a dh'aois aig a' char as òige ann an 1812, nuair a chaochail Donnchadh Bàn – cha bhithinn an dùil gum biodh cuimhne ro mhath air a choltas aig duine a bha na b' òige na sin, ma chunnaic iad timcheall air Dùn Èideann e nuair a bha e beò).⁵ Chan eil na nòtaichean san leabhar ag innse dhuinn dad a bharrachd ma dheidhinn, mar eisimpleir far an robh e a' fuireach, no dè an dreuchd a bh' aige (m.e. le tiotalan airm, no tiotal clèireachail no a leithid), agus mar sin chan urrainn dhomh barrachd a ràdh ma dheidhinn aig an ìre-sa. Tha mi taingeil do dh'Anja Gunderloch, a tha air innse dhomh nach eil duine sam bith leis an ainm seo air liostaichean nam fo-sgrìobhaiche do na deasachaidhean a chaidh fhoillseachadh nuair a bha Donnchadh beò (ann an 1768, 1790 agus 1804).

Bhon fhianais a tha againn aig an ìre-sa, chan urrainn dhuinn a bhith uile gu lèir cinnteach cò am fear a ch'inn anns an dealbh a tha seo, gun teagamhan sam bith. Ach tha e làn chomasach gur e portraid Dhonnchaidh Bhàin a th' ann, on a bhiodh coltas agus aodaich an fhir mar a bhithear an dùil air sean duine Gàidhealach aig toiseach an 19mh linn, on a tha an t-ainm *D M^cIntyre* fon dealbh agus on tha e far a bheil e, aig toiseach leabhar a chuid bhàrdachd fhèin. Chan urrainn dhuinn a bhith dearbhte, ach cha bhiodh e idir annasach mas e seo sealladh, an aon shealladh a tha againn a-nis, air gnùis Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir.

Buidheachas

Bu toil leam buidheachas a thoirt dhan Oll. Anja Gunderloch agus dhan Àrd-Oll. Rob Dunbar agus do mo charaid Bria Mason airson na comhairle agus a' chuideachaidh a thug iad dhomh fhad 's a bha mi a' dèanamh an rannsachaidh seo, agus do luchd-obrach Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann.

CLÀR-TÙSAN

Cunntas-sluaigh 1841 air làrach-lìn Scotland's People: www.scotlandspeople.gov.uk.

MacIntyre, Duncan Ban, *Gaelic Poems and Songs*. Glaschu: J. Reid, 1834.

MacKenzie, John. *Sar-Obar nam Bard Gaelach: or, The Beauties of Gaelic Poetry, and Lives of the Highland Bards*. Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart, 1877.

MacLeòid, Aonghas, deas., *Òrain Dhonnchaidh Bhàin*. Dùn Èideann: Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, 1978.

Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann, Centre for Research Collections, bocsa "Grant, Peter/ Printed Works and other books".

⁵ Cunntas-sluaigh 1841 air làrach-lìn Scotland's People: www.scotlandspeople.gov.uk (chleachdte 08.05.2025).